


Poileasaidh air Innsireachd



Clàr-innse

1	Ro-ràdh	1
2.	Ullachaidhean Achd Foillseachaidh airson Leas a' Phobail	1
3.	Foillseachaidhean a-staigh	1
4.	Foillseachaidhean Riaghlaidh	1
5.	Foillseachaidhean nas fharsainge	2
6.	Mar a thogar dragh innsireachd air an taobh a-staigh	2
7.	Mar a làimhsicheas sinn a' chùis	3
8.	Comhairle Neo-eisimeileach	3
9.	Far nach eil innsireachd iomchaidh: Modhan Gearain Eile	3

Tha na faclan “a' Chompanaidh” no “Buidheann HIAL” a' ciallachadh Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) agus fo-chompanaidhean sam bith co-cheangailte ris a' ghnìomhachas aige, a' gabhail a-steach Port-adhair Dhùn Dè Earranta (DAL) agus Airport Management Services Limited (AMSL).

Poileasaidh Innsireachd Buidheann HIAL

1. Ro-ràdh

Tha rùn aig Buidheann HIAL (HIAL) buidheann àrd-choileanadh a thogail leis na h-inbhean as àirde. Tha Achd Foillseachaidh airson Leas a' Phobail 1998 a' dìon dhaoine fa leth a bhios "ag innsireachd" le bhith ag aithris air mi-ghnàthachadh san obair. Tha am poileasaidh seo a' mineachadh modhan-obrach taobh a-staigh HIAL airson "innsireachd" ann an co-theacs na h-Achd.

Is e siostam rabhaidh tràth a th' ann an innsireachd; tha e a' dìon dhaoine an aghaidh sàrachadh no a bhith air an cur à dreuchd mar thoradh air a bhith a' togail dhraghan ann an da-riribh mu mhi-ghnàthachadh, fhad 's a tha cumhachan sònraichte air an coileanadh. Thathar a' brosnachadh luchd-obrach na modhan-obrach a tha air am mineachadh sa phoileasaidh seo a chleachdadh gus draghan a thogail ann an diomhaireachd mu dhroch mhi-ghnàthachadh. San dòigh seo, faodar duilgheadasan aithneachadh agus dèiligeadh riutha gu sgiobalta.

2. Ullachaidhean Achd Foillseachaidh airson Leas a' Phobail

Tha an Achd a' toirt dìon bho shàrachadh no cur à dreuchd do luchd-obrach, daoine fo thrèanadh, cunnradairan agus luchd-obrach bhuidhnean-cosnaidh (*agency*), ach chan ann do daoine a tha fèin-fhastach. Chan eil e gu diofar cho fada 's a tha thu air a bhith ag obair ann, tha an dìon seo an sàs.

Gus dìon fhaighinn fon Achd, feumaidh foillseachaidhean a bhith air an dèanamh le deagh rùn, rud a tha a' ciallachadh gu bunaiteach gum feumar am foillseachadh a dhèanamh gu h-onarach gus an tèid dèiligeadh ris a' chùis agus airson math a' phobail. Ach, far am faighear a-mach gu bheil foillseachadh an fhiosrachaidh a' briseadh Achd nan Rùintean-diomhair Oifigeil no a' briseadh eucoir diomhaireachd eile caillidh an neach-innse dìon na h-Achd ma chaidh an dìteadh airson na h-eucoireach no ma tha triùnal cosnaidh riarachta gun do rinn iad an eucoir. Ged nach eil luchd-obrach HIAL a' tighinn fo Achd nan Rùintean-diomhair Oifigeil, dh'fhaodadh a bhith a' sgoileadh fiosrachadh tèarainteachd agus an-aghaidh ceannairc a tha diomhair a bhith air a mheas mar "eucoir diomhaireachd eile" fo Ullachaidhean na h-Achd.

Dh'fhaodadh gum biodh innsireachd a' gabhail a-steach mi-ghiùlan no mhi-ghnàthachadh sam bith a tha a' gabhail a-steach:

- Eucoir no briseadh riaghailtean no an lagh** (a' gabhail a-steach foill agus coirbeachd, m.e. cleachdadh nan cunnradairan as fheàrr leotha airson am buannachdan fhèin);
- Giùlan neo-iomchaidh no mi-bheusach** (m.e. leth-bhreith ann am fastadh no àrdachadh dreuchd far a bheil deagh adhbhar aig an neach-innse a bhith gun urra);
- Droch-rianachd a dh'fhaodadh a bhith ann** (m.e. claonadh ann am pròiseas nan dreuchdan poblach, a' dèanamh mi-fheum de mhaoin HIAL);
- Cunnart a thaobh slàinte is sàbhailteachd** (m.e. fàilligidhean aithnichte san t-siostam rabhaidh teine a' cur slàinte is sàbhailteachd neach sam bith ann an cunnart);
- Cron air an àrainneachd** (m.e. gun a bhith a' coimhead às dèidh siostaman uisge/teasachaidh agus mar sin a' leigeil le bacteria galair an Legionnaire a sgoileadh).

Tha e cuideachd a' gabhail a-steach oidhirpean gus a leithid fhalach, no suidheachaidhean far a bheil coltas gu bheil an fheadhainn a bu chòir a bhith a' dèiligeadh ris a' chùis coma no gu bheil iad fhèin an sàs ann.

3. Foillseachaidhean a-staigh

Bidh foillseachadh sam bith a nithear dhan fhastaiche le deagh rùn air a dhìon ma tha creideas reusanta aig an neach-innse gu bheil am fiosrachadh buailteach a bhith a' sealltainn gu bheil mi-ghnàthachadh air tachairt, gu bheil e a' tachairt no gu bheil e buailteach tachairt. Tha an aon deuchainn an sàs nuair a bhios cuideigin ann am buidheann poblach a' dèanamh innsireachd gu dìreach dhan Roinn iomchaidh aig Riaghaltas na h-Alba le uallach airson HIAL, no far a bheil uallach air treas phàrtaidh no neach airson a' mhi-ghiùlan.

4. Foillseachaidhean Riaghlaidh

Tha an Achd a' dèanamh ullachadh sònraichte airson foillseachaidhean do "dhaoine òrdaichte", 's e sin ri ràdh luchd-riaghlaidh leithid Roinn-gnìomha na Slàinte is Sàbhailteachd, Ùghdarras an Itealaich Chatharra, HMRC no Ùghdarras nan Seirbheisean Ionmhais. Tha foillseachaidhean mar seo air an dìon far a bheil an neach-innse a' coileanadh nan deuchainnean airson foillseachaidhean air an taobh a-staigh a tha air am mineachadh gu h-àrd, agus, a bharrachd air sin, gu bheil iad den bheachd gu reusanta gu bheil am fiosrachadh agus casaid sam bith a nithear leis gu ìre mhòr fìor agus buntainneach dhan riaghlaidhe sin.

Poileasaidh Innsireachd Buidheann HIAL

5. Foillseachaidhean nas fharsainghe


Tha foillseachaidhean nas fharsainghe (m.e. do na poileis, do na meadhanan, BPA, BP, coinsiumairean agus riaghladairean neo-òrdaichte) air an dìon ma tha, a bharrachd air na deuchainnean airson foillseachaidhean riaghlaidh a tha air am mineachadh gu h-àrd, gu bheil iad reusanta anns a h-uile suidheachadh agus nach eil iad air an dèanamh airson buannachd phearsanta.

Feumaidh foillseachadh nas fharsainghe a bhith taobh a-staigh fear de na ceithir suidheachaidhean farsaing seo gus am bi dìon ann:

- Bha an neach-innse gu reusanta den bheachd gum biodh iad a' fulang bho shàrachadh nam biodh iad air a' chùis a thogail air an taobh a-staigh no le riaghladair òrdaichte;
- Chan eil riaghladair òrdaichte ann agus bha iad den bheachd gu reusanta gun robh an fhianais buailteach a bhith air a cur am falach no air a sgrios;
- Chaidh an dragh a thogail leis an fhastaiche no le riaghladair buntainneach mar-thà;
- Bha an dragh co-cheangailte ri rudeigin air leth cudromach.

A bharrachd air sin, airson na foillseachaidhean poblach sin a bhith fo dhìon, feumaidh an triùnal a bhith riarachta gu bheil am foillseachadh sin reusanta, a' toirt aire do na suidheachaidhean air fad, a' gabhail a-steach cò an neach mun deach a dhèanamh, cho dona 's a tha na draghan, co-dhiù tha riosg de chunnart fhathast ann agus far an do bhris na foillseachaidhean dleastanas diomhaireachd a bha aig an fhastaiche a thaobh treas phàrtaidh. Far an deach an dragh a thogail leis an fhastaiche no le riaghlaidhe òrdaichte, beachdaichidh an triùnal air cho reusanta 's a bha an fhreagairt aca. Mu dheireadh, ma chaidh an dragh a thogail leis an fhastaiche, beachdaichidh an triùnal an deach no am bu chòir gun deach dòigh-obrach innsireachd na buidhne a chleachdadh.

6. Mar a thogar dragh innsireachd air an taobh a-staigh



Poileasaidh Innsireachd Buidheann HIAL

7. Mar a làimhsicheas sinn a' chùis

Aon uair 's gu bheil thu air do dhragh a thogail, thèid innse dhut:

- a. Cò a tha a' làimhseachadh na cùise;
- b. Mar a chuireas tu fios thuca;
- c. Am bi feum air barrachd cuideachaidh bhut.

Ma dh'iarras tu e, thèid gearr-chunntas sgrìobhte den dragh agad agus mar a thèid a làimhseachadh a thoirt dhut. Thoir an aire, ge-tà, gur dòcha nach bi e comasach innse dhut dè an dearbh rud a chaidh a dhèanamh far am biodh seo a' briseadh dleastanas dìomhaireachd do chuideigin eile. Bidh am pròiseas cho fosgailte 's a ghabhas taobh a-staigh nan crìochan sin.

Ni a' Chompanaidh a dicheall gus dèanamh cinnteach gu bheil do dhìomhaireachd air a dhìon agus nach fhulaing thu cron sam bith mar thoradh air an innsireachd.

Tha e gu tur mì-iomchaidh cron sam bith a dhèanamh air cuideigin a chionn 's gu bheil iad air innsireachd a dhèanamh agus cuiridh a' Chompanaidh cuideam mòr air casaid sam bith gun deach sàrachadh a dhèanamh air neach sam bith mar thoradh air sin.

8. Comhairle Neo-eisimeileach

Mura h-eil thu cinnteach am bu chòir dhut am modh seo a chleachdadh, no ma tha thu ag iarraidh comhairle neo-eisimeileach aig ìre sam bith, faodaidh tu fios a chur chun aonadh ciùird agad no ris a' charthannas neo-eisimeileach airson innsireachd, Protect <https://protect-advice.org.uk/>

9. Far nach eil innsireachd iomchaidh: Modhan Gearain Eile

Ma tha dragh agad nach eil a' tighinn fon mhodh innsireachd, mar eisimpleir dragh pearsanta no mu cho-dhùnadh riaghlaidh leis a bheil thu a' faireachdainn mì-riarachaidh, tha na roghainnean a leanas fosgailte dhut:

- a. a' chùis a thogail leis an t-Sreath Mhanaidsear agad (no manaidsear eile san t-sreath-stiùiridh);
- b. a' chùis a thogail a' cleachdadh Modh Gearain HIAL.

